

23 agus 24/11/21

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Ailean Dòmhnullach (sa Chathair air 23/11/21); Donaidh MacAmhlaidh (sa Chathair air 24/11/21; Marion Nic na Ceàrdaich Ceit Anna NicLeòid, Iain Stephen Moireasdan, Iain Mac a' Mhailein, Lisa Annette, Màiri Kidd, Rhoda NicDhòmhnaill

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Iseabail Nic an t-Sagairt [IMT] (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)

Rachel NicChoinnich [RMK] (Stiùiriche Ionmhais)

Donaidh Dòmhnullach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)

Ealasaid Dhòmhnullach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)

Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothach dearbhte

2.1 Nochd Rhoda NicDhòmhnaill gu faodaidh ùidh èirigh dhith nam biodh am Bòrd a' cumail deasbaid mu sheirbheisean conaltraidh agus nach gabhadh i pàirt sa chòmradh seo ri linn a h-obair làitheil.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh

- a) 28 agus 29/9/21 – molaichte le Donaidh MacAmhlaidh agus daingnichte le Ceit-Anna NicLeòid.
- b) **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do gheàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh agus do bhuill fainear a thoirt do na gnothaichean ag èirigh, far an deach a chomharrachadh gu robhas an dùil Càrn a chuir air bhog s/t 17/1/22, dh'aontaich am Bòrd ris a' gheàrr-chunntas agus chomharraich am Bòrd na gnothaichean ag èirigh.

4. Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

a. Geàrr-chunntas 10/11/21

4.1 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail de na puingean a bha fo dheasbaid aig a' Chomataidh, chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear den gheàrr-chunntas.

b) Aithisg Bhliadhnaile Slàinte & Sàbhailteachd 2020/21

4.2 Ann an co-theacsa Slàinte & Sàbhailteachd chaidh còmhradh a chumail mu shuidheachadh na buidhne a' leantainn atharrachaidhean Covid air goireasan, daoine agus airgead, a' toirt a-steach toglaichean na buidhne. Bha aonta ann gu robh e cudromach gun deigheadh sùil ionchaidh a thoirt air na nithean seo.

4.3 **Co-dhùnadh:** bha am Bòrd riaraichte gu bheileas air dearbhadh gu bheil am buidheann a' coileanadh dleastanas a thaobh riaghailtean Health & Safety at Work Act 1974.

4.4 **Gníomh:** thig pàipear chun Bhùird sa Mhàrt gus coimhead ann an doimhneachd a thaobh togalaichean (cleachdad MG ALBA, mìladairean agus an roinn san fharsaingeachd) agus nithean eile air an d' thug Covid buaidh a' dol air adhart le aithne gu feumar coimhead ri toglaichean an cois ro-innleachd na buidhne. **(DC)**

5 Rèite ùr airson nam meadhanan Gàidhlig

5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' cur fòcas a' Bhùird air na ceistean as bunaithe airson nam meadhanan Gàidhlig aig an àm seo agus cò às a thig am maoineachadh agus an goireas gus soirbheachadh le na dùblain air thoiseach. Chaidh beachdachadh air suidheachadh maoineachaидh agus reachdail nam meadhanan Gàidhlig agus chaidh deasbad fada a chumail.

5.2 Chaidh innse gu robhas air coinneamh a ghlèidheadh le Rùnaire a' Chaibineit air 1/12/21.

5.3 Chaidh innse nach robhas air dad oifigeil a chluinntinn mu rèite a' Chìs Chraolaidh.

5.4 Chaidh innse gun deigheadh litir a chuir a-steach gu DCMS air 23/11/21 gus àite a ghlèidheadh airson nam meadhanan Gàidhlig anns an obair aca air reachdas ùr nam meadhanan.

5.5 Chaidh innse gu robh fios air ais fàbharach ann a thaobh an Lèirsinn ach a dh'aindheoin oidhirpean nach eil e air buaidh a thoirt air deasbad poblach mu na meadhanan Gàidhlig.

5.6 Chaidh aithneachadh gu robh dà cheist chudromach ann mu mhaoin: cò às a thig an t-airgead airson 2022/23 agus cò às a thig an t-airgead agus inbhe airson seasmhachd na buidhne sa gheàrr ùine agus am fad ùine.

5.7 Chaidh a chomharrachadh, ann an co-theacsa ro-innleachd a' BhBC "The BBC Across the UK" agus dealas a' BhBC airson ùrachadh a thoirt air co-bhanntachd BBC ALBA agus taic a chuir ri

leasachadh talaint, gu robh am BBC airson còmhraidhean a chumail le MG ALBA. Bhathas air freagairt a chuir chun a' BhBC gum bu chòir na còmhraidhean feitheamh gus am bi freagairt oifigeil air fhaighinn bhon DCMS mun tagradh a chuir MG ALBA a-steach sa Ghearan 2021 a thaobh rèiteachadh a' Chìs Chraolaidh.

- 5.8 **Co-dhùnadh:** chaidh aontachadh feitheamh ri toraidhean an rèite air a' Chìs Chraolaidh, am Pàipear Geal, buidseat Riaghaltas na h-Alba agus còmhraidhean le BBC Scotland. Mur nach tigeadh adhartas sna nithean seo, thèid còmhraidhean a ghairm le gach buidheann. Mur nach biodh na còmhraidhean sin soirbheachail, beachdachaiddh am Bòrd sa Mhàrt air dè dh'fheumas tachairt gus atharrachadh susbainteach a chuir an sàs gus dèanamh cinnteach gum biodh Seirbheis mairsinneach ann. Mura biodh seo soirbheachail, dheigheadh beachdachadh air iomairt a chuir an sàs.
- 5.9 **Gníomh:** 1) thèid còmhradh a chumail far-loidhne gus coimhead ri dè dh'fhaodadh a bhith air a dhèanamh gu goireasach a thaobh iomairt coiteachaidh co-cheangailte ris an reachdas agus am Pàipear Gheal fhad 's aig an aon àm a' coimhead ri dèanamh cinnteach gu bheil aithrisean ann am pàipear naidheachd is eile a thaobh an Lèirsinn; ([EMD](#)); 2) thèid fiosrachadh a chumail ri buill san eadar-ama air gluasadan sam bith agus thig fiosrachadh às ùr air beulaibh a' Bhùird sa Mhàrt. ([DC](#))

6 Conaltradh luchd-ùidhe agus làthaireachd aig tachartasan

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh prìomhachasan conaltraidh airson na h-ath 6 mìosan; fiosrachadh mu fhoillseachadh an Lèirsinn; tachartasan aithnichte agus prìomh chinn-latha agus an taic bho bhuill a' bhùird ann a bhith a' meudachadh chothroman conaltraidh.
- 6.2 An dèidh don Bhòrd beachdachadh air na h-ùrachaidhean mu chom-pàirt luchd-ùidh; agus na h-ùrachaidhean do na planaichean conaltraidh; agus na cothroman tachartais chaidh deasbad a chumail agus gabh am bòrd toirt fa-near do shusbaint nam pàipearan.
- 6.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

7 Mapa Ro-innleachd

- 7.1 Bha pàipear agus dreach Mapa Ro-innleachd air beulaibh bhall.
- 7.2 An dèidh do bhuill beachdachadh air ciad shealladh de teamplaид Mapa Ro-innleachd MG ALBA agus còmhradh a chumail, agus an dèidh do bhuill beachdachadh air a' phlana a tha san amharc gus am Mapa Ro-innleachd a leasachadh ann an co-bhonn ri buill a' bhùird, cho-dhùin am Bòrd (a) gu robh am teamplaид Mapa Ro-innleachd ann an cruth a bhiodh feumail

don Bhòrd agus a dhèiligeadh ris na prìomh chûisean, agus (b) dh'aontaich iad am plana gus am mapa ro-innleachd a leasachadh aig na h-ath ceithir choinneamhan bùird le cuairt dhereannach dreach air a thaisbeanadh aig coinneamh a' bhùird sa Mhàrt 2023.

- 7.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 7.4 **Gníomh:** 1) thèid Àrainneachd a chuir ris a' Mhapa Ro-innleachd agus 2) bidh e air clàr a' Bhùird sa Mhàrt. ([EMD](#))

8 A' Co-chruthachadh ar saoghal còmhla

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh mun obair leasachaидh a thathas air a bhith a' toirt air adhart, a' sireadh beachd agus comhairle nam ball air far a bheil na prìomhachasan a' tuiteam.
- 8.2 Chaidh innse gum bi gach nì fo shùil mar a thathas ag ullachadh molaidhean airson buidseat na h-ath bhliadhna agus Plana Corporra 2022 gu 2025.
- 8.3 Chaidh a chomharrachadh gum biodh e feumail coimhead ri ciamar a b' urrainnear cur ri ionmhas na buidhne tro bhith a' togail teachd-a-steach tro sho-maoin agus cothroman.
- 8.4 Chaidh a chomharrachadh gu robhas a' coimhead ri cùisean uaine (green agenda) tro na seòrsa prògraman a thathas a' craoladh aig amannan agus bho thaobh riochdachaidh ann a bhith a' leantainn riaghailtean *Albert* agus gu bheileas a' cur ri ar tuigse fad na h-ùine.
- 8.5 Chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' dèanamh nas soilleir ciamar a thathas a' sniomh gach pàirt den obair seo a-steach gu modhan-obrach na buidhne - ann an co-theacs a plana ro-innleachd, plana obrachaидh agus buidseat agus an ceangal le plana-gníomh – agus aithneachadh a dhèanamh air cuin a bu chòir coimhead ri cuid a rudan a stad gus leigeil le iomairtean ùra an t-àite iomchaidh fhaighinn, gu h-àraighe mura tig àrdachadh ann am maoin na buidhne.
- 8.6 Thèid coimhead air ciamar a tha an obair a tha a' dol air adhart bho thaobh plana Gàidhlig na buidhne comasach a leasachadh le taic bho Bhòrd na Gàidhlig.
- 8.7 An déidh do bhuill beachdachadh air adhartas an iomairt "A' Co-chruthachadh ar Saoghal Còmhla" chaidh deasbad a chumail mu na prìomhachasan a bha a' nochdad agus chaidh comhairle a thoirt seachad agus chomharraich am Bòrd gu leanadh an obair gus molaidhean susbainteach a thoirt ri chèile airson an ath choinneimh Bùird air an prìomhachasan a bha am Bòrd ag aithneachadh.
- 8.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

- 9 Planadh ionmhasail airson Plana Corpora 2022-25 agus Plana Obrachaidh 2022/23**
- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' brosnachadh deasbaid mu na nithean a dh'fheumas toirt a-steach do phlanadh ionmhasail airson am Plana Corporra (2022-25) agus am Plana Obrachaidh 2022-23 agus chaidh deasbad a chumail air na diofar phriomhachasan agus cuideaman a tha fo dheasbad.
- 9.2 Chaidh aithneachadh gu robh buaidh co-cheangailte ri Brexit, Covid agus cùisean uaine gu bhith air cosgaisean na buidhne a' dol air adhart. Bha buidseat 2022/23 stèidhichte gu feumar coimhead ri roghainnean a dh'fhaodadh a bhith ann son na bliadhnaichean air thoisearchd.
- 9.3 Chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a bha susbaint, a tha a' gabhail 85% den mhaoin aig MG ALBA gach bliadhna, ach às aonais maoin a bharrachd thigeadh air a' bhuidheann co-dhùnайдhean cruaidh a ghabhail sna bliadhnaichean air thoisearchd. Aig an aon àm chaidh a chomharrachadh gu robh susbaint aig cridhe obair na buidhne agus gum bi 90% de shusbaint na seanail air a choimiseanadh tro Phasgan.
- 9.4 Chaidh innse gu bheileas a' feuchainn ri measgachadh ghnèithean, a' tairgsinn timcheall air 400 uairean a thìde de phrògraman gach bliadhna, a chumail a' dol. Am-bliadhna mura b' e airgead a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba cha bhiodh e air a bhith comasach cosgaisean a bharrachd a ghiùlain ach às aonais sin a' dol air adhart bha teagamh ann air dè bhiodh comasach.
- 9.5 Chaidh a chomharrachadh gur ann air cuairtean coimseanaidh a bhiodh buaidh air gearradh airgid.
- 9.6 Chaidh a chomharrachadh gu feumar coimhead ri ro-innleachd thoglaichean na buidhne agus gu feumar co-nbrachadh le buidhnean leithid CnES, HIE agus UHI gus an ro-innleachd sin a stèidheachadh agus a mhaoineachadh.
- 9.7 Chaidh a dhaingneachadh gu robhas a' call airgid ri linn 's mar a tha pàirt den togalach air mäl agus gum biodh e riatanach a' cheist sin a làimhseachadh.
- 9.8 Bha aithne ann cuideachd gu bheileas nar ro-innleachd a' bruidhinn mu àitichean coimhearsnachd agus cruthachail a bhith mar phàirt de obair na buidhne agus gum biodh e feumail coimhead ri iarrtas thar ùine 3-bliadhna, a' gabhail a-steach ionmhas agus IT.
- 9.9 A thaobh a bhith a' cur an gnìomh neartachadh ann an roinn-obrach 'additionality', mar a chaidh aontachadh cheana leis a' Bhòrd, chaidh a dhaingneachadh gu bheil airgead sa bhuidseat airson na ciad trì mìosan de 2022 ach gu feumar a' chòrr a lorg airson 2022/23. Aig an aon àm chaidh a chomharrachadh an luach a thathas a' faighinn bho co-rioichdachadh,

an dà chuid air an sgrìn agus a thaobh solaraichean, le toraidhean dìreach agus neo-dhìreach na lùib agus gu robh e fior chudromach gun tachair seo.

- 9.10 A thaobh additionality, le cuspair cho farsaing agus obair smaoineachaidh air iomairtean fhathast gan leasachadh, dheigheadh coimhead an robh airgead ri fhaighinn bhon taobh a-muigh gus sruthan-airgid eile a thrusadh.
- 9.11 Chaidh puing a thogail am bu chòir an tuilleadh airgid a chuir gu ruige margaidheachd agus foillseachadh phrògraman gus feuchainn ri daoine òga agus susbaint didseatach a bhrosnachadh gus daoine òga a thàladh chun na seanail ma thathas ag amas air 1m neach a ruighinn gach seachdain.
- 9.12 Chaidh innse gu bheil margaidheachd agus foillseachadh mar phrìomh amas agus gu bheil piseach air a thighinn air cùisean ach gu bheil àite mhòr aig a' BhBC ann a bhith a' làimhseachadh a' cheist seo ri linn 's gur e seirbheis BBC a th' anns an t-seanail.
- 9.13 Le pàtrain obrachaiddh ùr, bha aithneachadh ann gur e àm eadar-ghluasaid a bha seo agus gu robh nithean air am feumar beachdachadh gus a h-uile nì a thoirt còmhla.
- 9.14 Chaidh ceist a chuir an robh gnèithean phrògraman san robhas a' cur ar n-airgead a' cur bacadh air a bhith a' frithealadh luchd-amhairc òga mar a bhiadhamaid a' miannachadh agus chaidh innse nach robh an dà rud seo an aghaidh a chèile. Chaidh a chuimhneachadh gun deach prìomhachasan shusbaint a dheasbad ann an doimhneachd aig coinneamh cheana agus gu bheil tòrr obair a' tachairt gus dèanamh cinnteach gu bheil na rudan a tha ag obair air seanail loidhneach fhathast ag obair airson daoine òga (leithid TRNSMT agus Belladrum) agus nach eil a' dùnadh an doras orra agus gur ann gu comadaidh agus dràma a dheigheadh airgead a bharrachd.
- 9.15 Chaidh a chomharrachadh gu feumar sùil a chumail air stiùir bhon Riaghaltas a thaobh obair mheasgaichte (hybrid working) agus am buaidh a bhiodh aig an seo, nam biodh gin, air cosgaisean dachaigh leithid teas, dealain msaa.
- 9.16 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air prìomhachasan ionmhasail na buidhne mar a bha iad air am mìneachadh anns a' phàipeir chùm buill deasbad mu na prìomhachasan sin agus thug iad seachad comhairle, agus chomharraich am Bòrd gu leanadh an obair gus molaidean susbainteach a thoirt ri chèile airson 's gum biodh dreachd Buidseat airson 2022-23 agus dreachd Plana Corporra 2022-25 fa chomhair a' Bhùird aig an ath choinneimh Bùird.
- 9.17 **Gníomh:** 1) thig am Plana Obrachaiddh air beulaibh a' Bhùird san Fhaoilleach agus 2) am Plana Corporra air beulaibh a' Bhùird sa Mhàrt. **(DC)**

10 Aithisg gèillidh àrainneachd

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' cur an cèill na trì taobhan den obair a dh'fheumas a dhèanamh.
- 10.2 Bha aithne ann gum biodh buaidh air seo air cleachdadh thoglaichean agus siubhal a' dol air adhart, le beachd ann gum biodh nas lagha de shiubhal ann airson coinneamhan in-thaigh ach aig an aon àm a bhith dèanamh cinnteach gu bheileas an tòir amasan ar Lèirsinn agus as bith dè tha riatanach gus sin a choileanadh.
- 10.3 Chaidh a chuimhneachadh gu robh an Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' comharrachadh gum biodh KPI air Àrainneachd riatanach a' dol air adhart.
- 10.4 Bha aithne gur ann bho ghnothaichean leithid cumhachd grène agus gaoithe a thigeadh na toraidhean as fheàrr.
- 10.5 Bha aithne ann gum biodh e feumail còmhraidean fhosgladh le buidheann leithid Zero Waste Scotland far a bheil tabhartasan rim faighinn agus thèid beachdachadh air taisbeanadh fhaighinn bhuuibh aig àm iomchaidh.
- 10.6 A thaobh an roinn solair, chaidh innse gu bheil am BBC a' gluasad gu ruige gu bheil e riatanach gu bheil companaidhean a' gèilleadh ri *Albert* bho Faoilleach 2022 agus gun deigheadh cumail a' dol le còmhraidean le companaidhean air dè am buaidh a bhios aig an seo orra agus dè tha sinn a' sùileachadh bhuapa.
- 10.7 Chaidh a chomharrachadh gu bheil aig ris a h-uile companaidh a fhuair coimisean Pasgan aithisg Alberts a lìbhrigeadh agus gu bheil gach companaidh ris a bheilear a' dèligeadh dealasach mun chuspair agus gu bheileas air slighe leotha agus a' cumail taic riutha.
- 10.8 Chaidh ceist a chuir an robh buaidh air Covid air na h- uairean a thìde de phrògraman a bha riochdairean a lìbhrigeadh agus an robh sàbhlaidhean sam bith an sin bho thaobh airgid agus an robh buaidh aige air carbon outcome. Bha aithne ann gu robh dòighean eadar-dhealaichte ann a thaobh riochdachadh agus lìbhrigeadh ach nach robhas a' smaoineachadh gun d' thàinig atharrachadh ann an uairean a thìde.
- 10.9 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air a' phàipear chùm buill deasbad mu na prìomhachasan a bha a' nochdad agus thug iad seachad comhairle, agus chomharraich am am Bòrd gu leanadh an obair gus molaidhean susbainteach a thoirt ri chèile airson an ath choinneimh Bhùird air an prìomhachasan a bha am Bòrd ag aithneachadh.
- 10.10 **Gníomh:** 1) thig figearan air ais chun Bhùird air fianais mar aig 10.8 (**IMT**); 2) thig pàipear chun Bhùird sa Mhàrt 2022 le moladh poileasaidh agus ro-innleachd MG ALBA le fios mu na nithean a bhiodh riatanach nam biodh MG ALBA gu bhith co-ionnan ri dealas a' BhBC a thaobh net zero greenhouse gas emissions air neo ro 2030. (**RMK**)

11 Clàr Riosgan

- 11.1 Bha pàipear, Clàr nan Riosgan agus Clàr Covid air beulaibh bhall agus chaith deasbad coileanta a chumail.
- 11.2 Thog Cathraiche Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh gur ann ann an co-theacsa Lèirsinn, am Plana Obrachaidh agus am Plana Corporra a bu chòir na riosgan fhaicinn gu cunbalach.
- 11.3 Chaith aithneachadh gu robh a' mhòr chuid de na riosgan thar chrìochan obrach làitheil na buidhne agus chaith a' cheist a chuir, ann a bhith ag ullachadh am Plana Obrachaidh, am bu chòir maoin sonraichte a bharrachd a chuir mu choinneimh na ceumannan a dh'fheumas tachairt gus taic a chumail ri oifigearan ann a bhith a' làimhseachadh nan riosgan as mothà.
- 11.4 Bha aithne ann gu faodadh e bhith feumail maoin sonraichte a chuir mu choinneamh obair ullachaidh thagraidhean airson ionmhas phròiseactan agus calpa, agus gu faodadh coimhead ris a' cheist am biodh e iomchaidh suimean a chuir mu choinneimh a bhith a' toirt buaidh air buidhnean agus luchd-poilitigs.
- 11.5 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingean a thog a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh mun Chlàr Riosgan, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a thogail mu phriomh riosgan na buidhne dhearbh am Bòrd gu robh iad riaraichte gu robh na riosgan a bha fa chomhair na buidhne aithnichte gu h-iomchaidh agus, chun ìre a tha comasach, air an lùghdachadh le gniomh no le leasachadh.
- 11.6 **Gníomh:** thèid beachdachadh air 11.3 sa Phlana Obrachaidh. ([DC](#))

12 Dèanadas

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigear agus an Sgioba Àrd-Stiùridh an-dràsta; coileantachd amasan (KPlan) MG ALBA a' Phlana Obrachaidh bliadhnailean; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnailean agus chaith deasbad a chumail.
- 12.2 Chaith còmhchradh a chumail mu dheidhinn an robh na KPlan a' sealltainn nam prìomh chuspairean air an robh aire a' Bhùird leithid dìth maoineachadh iomchaidh agus an àireamh àrd de dh'ath-chraolaidhean. Bhiodh cothrom coimhead ri seo ann a bhith a' dealbhachadh KPlan son 2022/23.
- 12.3 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisgean Dèanadais na ràithe mu dheireadh, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a chur dhearbh am Bòrd gun do ghabh iad fainear don lèirmheas an Àird-Oifigear agus an Sgioba Àrd-Stiùridh agus na h-aithisgean air ìrean coileantachd amasan agus bhuidseatan MG ALBA airson an ràithe suas gu 30

Sultain 2021 agus gu robh na prìomh phuingean leasachaidh air an comharrachadh agus fo phlana gnìomh.

- 12.4 **Gníomhan:** thèid na KPlan ùrachadh sa Phlana Obrachaidh 2022/23 a bhios mu choinneamh a' Bhùird san Fhaoilleach. **(DMD)**

13 Goireasan agus poileasaidhean dhaonna

- 13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt fios do Bhuill mu bhith a' gluasad gu suidheachadh nas stèidhichte airson an luchd-obrach. 'S e an gluasad as mothà gu bheileas ag aithneachadh gu bheil am buidheann agus a' mhòr chuid den luchd-obrach a-nis comhfhurtail le obair bhon dachaigh agus gum biodh "hybrid model" iomchaidh airson na buidhne.
- 13.2 Chaidh còmhradh a chumail mun loidhne-tìde airson gach pàirt den obair, stèidhichte air 1) Ron Nollaig gum bi conaltradh ann le luchd-obrach le manaidsearan-loidhne, leasachadh air poileasaidh, stiùir agus atharrachadh ann an cùmhnan; 2) eadar Faoilleach agus Màrt 2022 gum bidh atharraichean air leth (individual) ann an cùmhnan gan cuir an sàs agus gun tèid Equality Impact Assessments an dèanamh agus 3) aig coinneamh a' Mhàirt gun bu poileasaidhean agus stiùir air beulaibh a' Bhùird airson aonta.
- 13.3 Thèid còmhradh a chumail le Comhairliche HR na buidhne gus dèanamh cinnteach gu bheil an ròl aig *Equality Impact Assessment* soilleir.
- 13.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air na prìomhachasan a bha a' nochdad agus comhairle a thoirt seachad dh'aontaich am Bòrd ri na prionnsabalan an leanas: Gu rachadh còraichean an luchd-obach a thaobh obair shubailte (flexible working) a leasachadh gus am biodh obair mheasgaichte (hybrid working) comasach mar mhodail àbhaisteach dhaibhsan nach eil riatanach fad na h-ùine san ionad obrach; Gu rachadh Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd ath-sgrìobhadh gus aithne thoirt don leudachadh sin agus gus slàinte inntinn a thoirt a-steach; agus Gu sireadh MG ALBA inbhe IIP "We invest in Wellbeing"; agus Gu rachadh modhan-fastaidh a leasachadh gus barrachd dhaoine bho choimhlearsnachdan eile a thoirt a-steach don luchd obrach.
- 13.5 **Gníomh:** thig pàipear air beulaibh a' Bhùird sa Mhàrt. **(DC)**

14 Fèin-mheasadh nam ball

- 14.1 Dh'innis an Cathraiche gu bheil e fhathast a' feitheamh air measadh aona bhall agus nuair a bhiodh seo aige gun cuireadh e crìoch air a' phròiseas.

15 Trèanadh nam ball

- 15.1 **Co-dhùnadh**: an dèidh do bhuill beachdachadh air na roghainnean trèanaidh a bha mun coinneimh cho-dhùin am Bòrd ris an trèanadh airson 2022.
- 15.2 **Gníomh**: thèid an trèanadh a chuir an sàs. **(MAMI)**

16 GISBE

- 16.1 Chaidh taing Cathraiche a' Bhùird a bhualeachadh air Bonnie MacAmhlaigh a ghabh an Cathair airson an dàrna là den choinneamh.
- 16.2 Le seo a' choinneamh mu dheireadh den bhliadhna, chaidh taing Cathraiche a' Bhùird a bhualeachadh air an sgioba air fad airson an sàr obair thar an dà bhliadhna mu dheireadh. Le duaisean a' tighinn troimhe agus cliù Creideas nar Cosnaichean Platinum dha ghlèidheadh airson Daoine Òga, bha am Bòrd moiteil anns gach neach a tha ag obair don bhuidheann.
- 16.3 Chaidh dùrachdan na Nollaige agus na Bliadhna Ùire a bhualeachadh air gach neach le dòchas gum biodh bliadhna shoirbheachail aig a' bhuidheann an ath bhliadhna.

17 Deit na h-ath choinneimh/clàr choinneamhan 2022

- 17.1 Chaidh còmhradh a chumail agus thèid tionndadh ùr a chuairteachadh air buill airson aonta. **(MAMI)**

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: